

TIOTAL-OBACH	Neach-oide a' Chùrsa Ciùil
ROINN	Foghlam
AN URRA RI	Dr Decker Forrest, Stiùiriche a' Chùrsa Ciùil
UALLACH AIRSON	n/a
SGÈILE THUARASTAIL	Sgèile Oidean c. £27k

PRÌOMH UALLAICHEAN

- A bhith a' gabhail os làimh dleastanasan àbhaisteach co-cheangailte ri oide aig SMO
- A bhith a' teagasg mhodalan a rèir eòlas agus sgilean an neach agus a' gabhail pàirt ann an siostam dearbhaidh deagh-ghnè.
- Dleastanasan eile co-cheangailte ris an dreuchd mar a chì Stiùiriche a' Chùrsa iomchaidh.
- A bhith a' co-obrachadh le Stiùiriche a' Chùrsa agus luchd-teagaisg eile agus a' gabhail pàirt ann coinneamhan acadaimigeach a tha a' buntainn ri obair teagasg agus measaidh.
- Sùil a chumail ri ur sàbhailteachd fhèin agus sàbhailteachd dhaoine eile;
- Deagh-ghnè na Colaiste a choileanadh agus a leasachadh;
- Obair iomchaidh sam bith eile a dhèanamh mar a bhios feum aig a' Cholaiste bho àm gu àm.

Seo tuairisgeul air an obair mar a tha e. Sa chumantas thèid beachdachadh air seo bho àm gu àm gus dèanamh cinnteach gu bheil e iomchaidh agus gus atharrachaidhean sam bith a dhèanamh. Thèid seo a dhèanamh leis an neach-obrach agus am manaidsèar aige/aice agus mar sin thathas a' sùileachadh gun gabhar pàirt anns na còmhraidhean seo. Tha Sabhal Mòr Ostaig ag iarraidh gun gabh cùisean aontachadh leis gach neach ach far a bheil seo do-dhèante, tha còraichean aig Sabhal Mòr Ostaig air atharrachaidhean ciallach a dhèanamh a rèir tuarastal an neach-obrach às dèidh bruidhinn ris/rithe mun chùis.

Ceann-là 30/07/18

Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig

Amas na Colaiste

Tha Sabhal Mòr Ostaig airson a bhith na shàr ionad aig cridhe leasachaidhean ann an cànan agus dualchas nan Gàidheal le bhith a' tairgsinn deagh chothroman foghlaim, trèanaidh agus rannsachaidh tro mheadhan na Gàidhlig agus le bhith a' dol an sàs gu h-innleachdach còmhla ri daoine eile, luchd-gnìomhachais agus a' choimhearsnachd air fad gus leasachaidhean sòisealta, dualchasach agus eaconamach a chur air adhart.

Fiosrachadh mun Cholaiste

Tha àrainn oideachaidh air leth aig Sabhal Mòr Ostaig. Tha na cùrsaichean agus a' Cholaiste gu lèir gan ruith tro mheadhan na Gàidhlig - an aon Cholaiste den t-seòrsa seo an Alba. Tha a' Cholaiste ann an Slèite anns an Eilean Sgitheanach, sgìre a tha ainmeil airson bòidhchead na h-àrainneachd.

Chaidh a' Cholaiste a stèidheachadh ann an 1973 agus bhon uair sin tha i air cliù a chosnadh air feadh an t-saoghail mar ionad airson cànan agus cultar na Gàidhlig. 'S e colaiste spèisealta a th' innte, a' tabhann foghlam àrd-ìre, foghlam leantainneach agus cothroman rannsachaidh. Tha Sabhal Mòr Ostaig mothachail air cho cudromach 's a tha bunait làidir airson a' chànain, a' chultair agus nan ealan agus tha e an sàs ann an iomadh pròiseact gus seo a thoirt air adhart.

'S e colaiste ùr-ghnàthach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig agus tha e na chom-pàirtiche acadaimigeach ann an Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean OGE. Tha goireasan ionnsachaidh air leth ann, leabharlann sònraichte fhèin math agus tha àiteachan-fuirich agus ionad cùraim chloinne air an àrainn.

Aig a' cheart àm, tha còrr is 100 oileanach clàraichte air cùrsaichean làn-thìde, mu 350 air cùrsaichean air astar agus bidh suas ri 1,000 oileanach a' clàradh air cùrsaichean goirid gach bliadhna. Bidh deagh mheasgachadh de dh'oileanaich a' tighinn don Cholaiste, aig diofar aoisean agus à diofar àiteachan. 'S ann às Alba agus an Rìoghachd Aonaichte a bhios a' mhòr-chuid ach tha oileanaich air tighinn thugainn às na Stàitean Aonaichte, dùthchannan Eòrpach agus Àisia cuideachd.

Tha luchd-ceumnachaidh an t-Sabhail air a dhol air adhart gu dreuchdan Gàidhlig ann an iomadach gnìomhachas, a' cur nan sgilean aca gu feum ann an leasachadh a' chànain.

'S e stèidheachd ionnsachaidh bheothail, adhartach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig, a bhios ag amas air coimhearsnachd Ghàidhlig làn mhisneachd is soirbheachais a bhrosnachadh. Bidh fàilte chridheil romhaibh ann.

Barrachd Fiosrachaidh

Airson barrachd fiosrachaidh mun Cholaiste, theirigibh gu www.smo.uhi.ac.uk no, ma tha ceistean sònraichte agaibh, cuiribh fòn no post-d gu Nicola NicThòmais, 01471 888 301 no obair@smo.uhi.ac.uk.

Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig